

AITHISG BHLIADHNAIL 2021-22



A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh




F - Fèis

B - Blas

G - Fèisgoil

C - Cèilidhean air Chuairt



CLÀR-INNSE

1	Lèirmheas a' Chathraiche	4
2	Fiosrachadh Àireamhail 2021-22	6
3	Prògram Obrach 2021-22	7
	Taic do agus ag Adhartachadh nam Fèisean	8
	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	11
	A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail	12
	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Meudachadh nan Àireamhan aca	15
	Riaghladh is Luchd-obrach	19
4	Cunntas Ionmhasail 2021-22	22

'S e companaidh earranta fo bharantas a th' ann am Fèisean nan Gàidheal, leis an àireamh-chlàraidh SC130071. Tha e clàraichte mar bhuidheann-carthannais Albannach le OSCR, àireamh-clàraidh SC002040, agus tha e taingeil agus ag aithneachadh na taic a gheibhear bhon phrìomh luchd-mhaoineachaidh aige

LÈIRMHEAS A' CHATHRAICHE

'S e toileachas a tha ann aon uair eile Aithisg Bhliadhna Fèisean nan Gàidheal airson 2021-22 a thoirt dhuibh, seo bliadhna anns an do dh'fheuch sinn ri iomairt nam Fèis a chumail a' dol agus ath-thogail fhad 's a bha galar a' Chòbhadh fhathast ann. Ged a bha e a' ciallachadh, le cur às do chuibhreachadh a' ghlasaidh agus le cur an gnìomh prògram na banachdaich, gun robh barrachd saorsa againn, bha mòran daoine fhathast mì-chofhurtail a thaobh a bhith an lùib sluaigh agus cha robh cuid a dh'ionadan ri fhaighinn do dh'Fhèisean ionadail.

Bheir an Aithisg Bhliadhna sùil mhionaideach air ar cuid obrach a chaidh aontachadh le Alba Chruthachail, InGE agus Bòrd na Gàidhlig agus tha mi a' toirt taing do ar prìomh-luchd-maoineachaidh airson cho taiceil is cho fuasgailte 's a bha iad feadh na dà bhliadhna mu dheireadh. Mar an ceudna, leis a h-uile buidheann leis an do dh'oibrich sinn is sinn a' cumail oirnn a' cur an gnìomh farsaingeachd obrach airson Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, High Life na Gàidhealtachd, ùghdarrasan ionadail eile agus buidhnean poblach.

Tha sinn toilichte gun do chum grunn Fhèisean orra le clasaichean air loidhne, gun do ghabh iad com-pàirt ann an tachartasan *Samhradh an Dòchais*, air a' bhlàr a-muigh, feadh an t-samhraidh 2021 agus gum b' urrainn dhuinn tòiseachadh air tachartasan a thabhann an làthair a chèile aig deireadh na bliadhna' ionmhais.

Lean iomairt #cleachdi, anns an robh com-pàirt aig Fèisean nan Gàidheal còmhla ri Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig agus buidhnean eile. Ge-tà, cha robh uimhir a dh'iarraidh air gnìomhan air loidhne aon uair 's gun robh saorsa gluasad aig daoine an dèidh greisean glasaidd. Ged a chum sinn oirnn le Fèisean air loidhne agus measgachadh den dà dhòigh le gnìomhan eile air feadh na bliadhna, bha an àireamh de na bha a' gabhail com-pàirt anna na bu lugha na bha iad feadh amannan glasaidd.

Ged a bha e follaiseach gun robh duilgheadasan fhathast ann, bha cothroman air leth ann cuideachd.

Fhuaras tuilleadh maoineachaidh bho Alba Chruthachail airson taic muinntearais do 17 de luchd-ciùil ann an 9 Fèisean tro phrògram Treòir. Anns na 6 mìosan a lean chaidh clasaichean ciùil cunbhalach a thabhann air cròileagain a bharrachd air òigridh iomallach ann an cuid de na coimhearsnachdan as bochda ann an Alba.

Tron bhliadhna thug Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba cuireadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal prògram obrach a chur an tairgse air feadh eileanan na h-Alba gu lèir tro bhliadhna na sgoile 2021-22. Air a chur air dòigh tro Fhèisgoil, chaidh Treòir | Voar | Virr a dhealbhadh agus cosnadh a chumail ri luchd-ealain air stèidh cunbhalach, oideachadh a chur nan tairgse gus seasmhachd a neartachadh agus sgoilearan a bhrosnachadh gnìomhan cultarach a ghabhail os làimh an dèidh bliadhna de bhuaireadh sna sgoiltean.



Bha fèill air ar seirbhisean àbhaisteach Fèisgoil cuideachd. A bharrachd air seiseanan Blasad Gàidhlig ann an sgoiltean, rinn Fèisgoil oideachadh Eòlas air a' Ghàidhlig agus chum i oirre a tabhann obair dràma sna sgoiltean. Chaidh obair a chur an tairgse sgoiltean is roinnean tro mheadhan na Gàidhlig agus cuideachd ann an sgoiltean far a bheil a' Ghàidhlig ga teagasg mar chainnt a bharrachd is ann an sgoiltean-àraich. Lean Café Bheairteis air loidhne gu cunbhalach cuideachd, 's i air a cur air doigh a h-uile feasgar Dihaoine le buidheann òigridh airson an cuid Ghàidhlig fhèin a dhaingneachadh.

Cha robh tachartasan còmhnaidh air chomas ann an 2021, ach chaidh pàirtean de Sgoil Shamhraidh Dràma agus Fèis Alba a thabhann air loidhne. Chaidh prògram àbhaisteach Cèilidhean air Chuairt a lùghdachadh cuideachd ach thabhainn cuid de na Fèisean prògram ciùil as t-samhradh, mar bu trice ga chluich a-muigh.

Bha taic ann airson òrain Ghàidhlig ùra a dhèanamh le ceòl ùr a chaidh a chruthachadh airson ar panto san Dùbhlachd agus chaidh sreath de 22 òrain Ghàidhlig ùra a chlàradh airson pròiseact a rinneadh an co-bhoinn ri e-Sgoil.

Thachair Fèis Blas san t-Samhain 2021, le taing air leth do Chomhairle na Gàidhealtachd airson a com-pàirteachas leantainneach ann a bhith a' stiùireadh na fèise. Thachair e goirid ro thuilleadh buairidh bho sheòrsa Omicron a' Chòbhadh agus chaidh againn air 31 consairtean beò a thabhann, 8 aca air an sruthadh

beò, cho math ri 37 tachartasan air loidhne. Tharraing an fhèis luchd-èisteachd de 12,991. Chaidh coimisean Blas 2021 a thabhann air Kim Carnie agus thug an obair aice, *Buaidh nam Ban*, sùil air bàna-bhàird Ghàidhlig, Màiri Mhòr nan Òran nam measg, a' comharrachadh 200 bliadhna bho rugadh a' bhana-bhàrd.

Lean toradh FèisTV le grunn ghniomhan is tachartasan air loidhne agus dh'òrdaich sinn 11 sreathan eile de leasain airson cur ris an t-seirbhis ionnsachaidh *Oide*.

Faisg air deireadh na bliadhna' ionmhais, fhuair sinn an deagh naidheachd mu mhaoin a bharrachd a bha ri fhaotainn bho Alba Chruthachail gus faighinn seachad air Còbhadh agus chithear an toradh às an sin san ath-Aithisg Bhliadhnail againn.

A thaobh riaghlaidh, choinnich am Bòrd gu cunbhalach airson obair na buidhne a sgrùdadh, planaichean air adhart aontachadh agus aithisgean air cunnart is cur an gnìomh planaichean Cll agus lùghdachadh gualain fhaighinn. Tron bhliadhna, dh'aontaich am Bòrd sreath phoileasaidhean ùraichte agus thug e a-steach poileasaidh ùr Àite Dionta a bharrachd air a bhith a' soilleireachadh nam poileasaidhean sàbhailteachd a tha aige mar-tha. Gheall Fèisean nan Gàidheal gun cumadh iad ri iomairt Obair Choithromach Riaghaltas na h-Alba agus chaidh aithneachadh mar luchd-fastaidh Tuarastal Bith-beò.

Chaidh aithisg òrdachadh air Buaidhean Cultarach, Sòisealta, Eaconamach, Cànaichean is Sunnd aig Fèisean nan Gàidheal a thèid fhoillseachadh aig Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2022.

Chaidh mòrachadh maoin airson Tasgadh a dhaingneachadh le Alba Chruthachail. Còmhla ri

maoineachadh Maoin nan Ealan Gàidhlig, chuir na maoinean tiomnaichte seo nar comas cuideachadh le mòran luchd-ealain is buidhnean taobh a-muigh nam Fèis.

Sa Chèitean 2021 chuir sinn fàilte air Peigi Anna Shields do dhreuchd an Oifigear Leasachaidh stèidhichte sna h-Eileanan an Iar. Na bu tràithe air a' bhliadhna seo, bha leanabh nighne aig Peigi Anna agus Màrtainn, an duine aice, agus tha sinn a' cur ar deagh dhùrachd thuca. Chaidh fàilte a chur air Eilidh NicCarraig na Rianaire Fèisgoile. Thill Laura NicNeacail a dh'obair, an dèidh fòrladh màthaireil, ach bhon uair sin tha i air Fèisean nan Gàidheal fhàgail airson tòiseachadh ann an dreuchd ùr. Phòs Abi Lightbody, ar n-Oifigear Leasachaidh, Barry Reid agus tha sinn a' cur meal a naidheachd orra le chèile.

'S e cùis-bhròin a bha ann gun do chaill sinn Jessie Newton, a chaochail na bu tràithe air a' bhliadhna. Chluich Jessie pàirt mhòr ann am Fèis Dhùn Èideann agus ann an iomairt nam Fèis san fharsaingeachd agus b' àbhaist dhi a bhith na ball de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal. Chaidh a dèanamh na ball de Thalla Cliù an Dual-chiùil airson a seirbhis saor-thoileach fad-ùine ann an taic na Fèise. Tha ar cofhaireachdainn aig Iain, an duine aice, agus Raonaid, an nighean.

Bha sinn toilichte gun deach cuid de na h-aontaidhean maoineachaidh fad-ùine a leudachadh, gar fàgail saor bhon obair tagraidh agus leigeil leinn ar n-aire a chumail air faighinn seachad air a' Chòbhadh. Thàinig ar n-aonta maoineachaidh fad-ùine le InGE gu crìch sa Mhàrt 2022 agus tha sinn anabarrach taingeil do na h-oifigearan aig InGE air fad a tha air taic a chumail rinn tro na bliadhnaichean, gu h-àraidh, o chionn ghoirid, Màiri Bhochanan.

Tha mi taingeil airson foghainteachd leantainneach sgioba Fèisean nan Gàidheal a chum taic ris na h-oidhirpean nach beag aig na saor-thoilich, le taic bho bhuill a' Bhùird agus bhon luchd-maoineachaidh, gus obair nam Fèis a chumail a' dol. Rinn seo cinnteach gun do choilean sinn, còmhla, uimhir 's a b' urrainn dhuinn den phrògram aontaichte againn.

Mu dheireadh, bu toigh leam mo thaing a thoirt do na saor-thoilich air fad is iad a' sìor-chumail taic ris na Fèisean ionadail. Bha e na adhbhar misneachd a bhith a' faicinn comataidhean Feise a' tòiseachadh air gnìomhachas às ùr agus a' sìor-chur obair air loidhne a bha a' tarraing nam mìltean de dh'òigridh. 'S iad saor-thoilich, còmhla ris an luchd-ealain, ar seòid phrìseil agus tha mise, còmhla ris an sgioba is am Bòrd againn, a' guidhe gach deagh dhùrachd dhaibhsan airson na bliadhna ri tighinn.

Tha sinn glè mhothachail don àrdachadh a tha air faire ann an cosgaisean cumhachd agus don bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an seo air comas nam pàrantan gnìomhan Fèise a phàigheadh don chloinn. Tha sinne ann an dà-rìreadh a thaobh ar dleastanas gnìomhan cultarach a chur an comas uimhir do dh'òigridh as urrainnear agus nì sinn ar dicheall a dhèanamh cinnteach gum faigh iadsan is am pàrantan taic.

Tha sinn mothachail cuideachd don oidhirp a tha dhith fhathast a dhèanamh cinnteach à taic do na Fèisean gus an obair sgoinneil ath-stèidheachadh agus 's e sin as motha a bhios fainear dhuinn.

**Anna Mhoireach
Cathraiche**

FIOSRACHADH ÀIREAMHAIL 2021-22

Fèisean

Àireamh iomlan nan daoine fa leth a ghabh pàirt ann am Fèisean	3,875
An àireamh luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	8,281
Tabhartasan air an gealltainn airson tachartasan Fhèisean agus ath-shlànachadh	£214,015
An t-suim iomlan air a cosg leis na Fèisean	£1,057,739

Cèilidhean air Chuairt

Tabhartasan uile gu lèir a chaidh gealltainn le Fèisean nan Gàidheal	£11,325
Taic ri luchd-ealain	1,124

Fèisgoil

An àireamh luchd-compàirt ann an tachartasan Fèisgoil	10,514
An àireamh luchd-èisteachd aig tachartasan Fèisgoil	11,454

Fèis Blas agus sàr-chonsairtean

An àireamh luchd-èisteachd aig tachartasan Blas agus sàr-chonsairtean	24,442
Taic ri luchd-ealain	164

Tasgadh agus Mòin nan Ealan Gàidhlig

Tabhartasan air an gealltainn do phròiseactan Tasgadh agus Mòin nan Ealan Gàidhlig	£127,048
Luach iomlan nam pròiseactan Tasgadh agus Mòin nan Ealan Gàidhlig	£311,055
An àireamh luchd-compàirt ann am pròiseactan Tasgadh agus Mòin nan Ealan Gàidhlig	1,078
An àireamh luchd-èisteachd aig pròiseactan Tasgadh agus Mòin nan Ealan Gàidhlig	28,684

SUIMEAN IOMLAN

TABHARTASAN IOMLAN A CHAIDH GEALLTAINN ANN AN 2021-22	£352,388
LUACH IOMLAN NAM FÈISEAN AGUS FÈISEAN NAN GÀIDHEAL	£2,564,832
ÀIREAMH IOMLAN NAN SAOR-THOILEACH AN LÙIB THACHARTASAN MAOINICHTE	271
ÀIREAMH IOMLAN LUCHD-EALAIN AN LÙIB THACHARTASAN MAOINICHTE	1,208
ÀIREAMH IOMLAN THACHARTASAN MAOINICHTE	208
ÀIREAMH IOMLAN AN LUCHD-ÈISTEACHD AN LÙIB THACHARTASAN MAOINICHTE	103,615
ÀIREAMH IOMLAN NAN OIDEAN AN LÙIB THACHARTASAN MAOINICHTE	444
ÀIREAMH IOMLAN AN LUCHD-COMPÀIRT	16,239
ÀIREAMH IOMLAN NAN SEISEANAN MAOINICHTE	7,992
ÀIREAMH IOMLAN DE LUCHD-OBRACH A' COSNADH TRO PHRÒGRAM Fèisean nan Gàidheal	74.4

PRÒGRAM OBRACH 2021-22

Bha buaidh fhathast aig a' ghalair eadar-nàiseanta air clàr Fèisean nan Gàidheal agus obair nam Fèis a tha nam ball. Cheadaich prògram na banachdaich agus faochadh nam bacaidhean gun do ghabh barrachd thachartasan àite na b' urrainn a' bhliadhna roimhe, ach a dheòidh sin thàinig air Fèisean dàil a chur ann no cur às do chuid den obair a bha fàinear dhaibh. Mar thoradh air an sin chaidh deagh chuid a thabhann air loidhne an dà chuid le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean.

Bha ar n-aire air cothroman a chur an tairgse òigridh com-pàirt a ghabhail ann an obair ealain, cànan is cultair Ghàidhealach air feadh na dùthcha air fad. Thugadh seo gu buil le bhith co-obrachadh le grunn mòr shaor-thoilich agus a' fastadh luchd-ealain proifeiseanta a choilean na cothroman sin.

Ged a dh'fhan iomadach duilgheadas, chùm sinn oirnn a' tabhann gnìomhan an làthair a chèile taobh a-staigh na comhairle-stiùiridh is thugadh feum à teicneòlas a cheadaich dhuinn clàr susbainteach a thabhann aon uair eile.

Tha ar clàr-obrach ga chur an gnìomh thar ceithir prìomh-raointean:

1. Taic do agus Adhartachadh nam Fèisean
2. A' Leasachadh Sgilean is Thàlant Cruthachail
3. A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachaidh Cruthachail
4. A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Meudachadh nan Àireamhan aca

Tha na h-earrannan a leanas anns an aithisg bhliadhnail a' toirt dhuibh sealladh farsaing air an obair a rinneadh le Fèisean nan Gàidheal agus leis na Fèisean a tha nam ball againn.



TAIC DO AGUS AG ADHARTACHADH NAM FÈISEAN

'S e prìomh adhbhar Fèisean nan Gàidheal, taic a thoirt do na Fèisean agus na Fèisean adhartachadh, agus e na amas dhuinn dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine pàirt is tlachd a ghabhail sna h-ealain thraidiseanta. Tha sinn a' toirt aithne do agus a' cur luach san obair fhìor mhòr a tha luchd-obrach saor-thoileach a' dèanamh agus iad a' cur air dòigh agus a' libhrigeadh nam prògraman teagaisg agus tha e mar phrìomhachas dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh iad an taic a tha dhìth orra agus gum faigh iad cothrom air an taghadh farsaing de sheirbheisean a th' againn.



Ann an 2021-22 chuidich sinn 46 Fèisean air feadh na h-Alba ann am bliadhna far an robh buaidh fhathast aig galair a' Chòbhadh air clàran-teagaisg. Mar phàirt de bhallrachd Fèisean nan Gàidheal, gheibh Fèisean a tha nam ball taic-airgid, iasad bho stòras innealan-ciùil, seirbhis nàiseanta dìon-cloinne, taic Gàidhlig, maoin leasachaidh do phròiseactan ùr inntinneach, làn-àrachas agus trèanadh do shaor-thoilich gus am prògraman bliadhnail a chur an gnìomh.

Lean ar sgioba de dh' Oifigearan Leasachaidh orra ag obair gu dlùth le am Fèisean fhèin a dhèanamh cinnteach gun robh an taic is am fiosrachadh a bha a dhìth orra a leigeadh leotha leantainn air an obair no a tòiseachadh às ùr tron bhliadhna. Bha sinn toilichte gun deach aig cuid de na Fèisean air am prògraman atharrachadh agus teagasg pearsanta a thabhann, fhad 's a bha grunn fhathast a' tabhann chlasaichean air loidhne.

'S iad na leanas taghadh de sheusar nam Fèis tron bhliadhna. Sgaoilidh sinn fios cunbhalach bho iomairt nam Fèis tron chuairt-litir air loidhne againn, Faileas, an làrach-lìn is sianalan nam meadhanan sòisealta againn.

- Bha feasgar ciùil, dannsa is cleasan aig Fèis Thiriodh an co-bhoinn ri Fèis-Chiùil Thiriodh
- Bha Fèis aig Fèis Taigh Dhonnachaidh aig àm na Càisge agus chaidh aca air seiseanan-obrach air loidhne a chumail feadh fèis Ceòl Nis san luchar
- Bha meanbh-fhèis aig Fèis Eige san luchar agus bha sreath seiseanan-obrach òrain Ghàidhlig, leasain Ghàidhlig agus dràma aca air feadh na bliadhna
- Ghabh grunn Fhèisean pàirt ann am prògram Samhradh an Dòchais a bha fo Chomhairle na Gàidhealtachd
- Cho-oibrich Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Thròndairnis airson Fèis air loidhne a thabhann san luchar san t-seachdain a bu chòir dhaibh a bhith air tachairt
- Thabhainn Fèis an Rubha prògram sheiseanan-obrach an làthair a chèile san Lùnastal. Feadh na seachdain chaidh Duais na Banrighinn airson Seirbhis Shaor-thoileach a bhuileachadh orra airson an oidhirpean sònraichte ann an taic don Ghàidhlig, do cheòl is do chultar ann an Sgìre an Rubha ann an Leòdhas
- Chaidh aig Fèis a' Bhaile air an t-seachdain àbhaisteach teagaisg aca a chumail san Damhair
- Sheinn 'Còisir na h-Òige' aig Fèis na h-Òige aig fosgladh a' Mhòid Nàiseanta
- Chluich Còmhlàn Cèilidh Òg Fèis Spè aig sreath chonsairtean samhraidh agus aig a' Mhòd Nàiseanta ann an Inbhir Nis san Dàmhair
- Bha latha de sheiseanan-obrach tron Ghàidhlig aig Fèis na Linne ann an Sabhal Mòr Ostaig sa Mhàrt

TAIC DO AGUS AG ADHARTACHADH NAM FÈISEAN

#CLEACHDIAIGANTAIGH

Lean iomairt #cleachdiaigantaigh aig Bòrd na Gàidhlig oirre ged a bha an àireamh de chom-pàirtichean gu math na bu lugha na a' bhliadhna roimhe, is chaidh aig luchd-compàirt bho air feadh an t-saoghail air com-pàirt a ghabhail ann am Fèisean air loidhne, seiseanan seinn, òraidean cultarach agus caochladh cothroman oideachaidh. Uile gu lèir, ghabh 1,390 daoine com-pàirt ann an 73 tachartasan.

TREÒIR

Le taic bho Mhaoin Ealan Òigridh Alba Chruthachail agus bho luchd-maoineachaidh eile leasaich sinn Treòir, prògram a thug cothrom do 9 Fèisean neach-ciùil air mhuintireas fhastadh mar oide fad sia mìosan.

B' iad na Fèisean sin Fèis Fhoirt, Fèis Phàislig, Fèis an Tairbeirt, Fèis Spè, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis an Earraich, Fèis Bharrach agus cuideachd Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Fèis Eilean an Fhraoich a dh'òibrich còmhla air muinntireas.

B' e rùn Treòir luchd-ciùil fhastadh aig an àm a bha e doirbh dhaibh obair fhaighinn agus nach robh na Fèisean cho dèanadach air sàilleabh a' ghalair. Thug am prògram an cothrom dhuinn dèiligeadh ris an dà thrioblaid sin le bhith a' cumail luchd-ciùil a' cluich ceòl, mar bu trice le buidhnean nach do ràinigeadh roimhe, no nach robh eòlach air ceòl traidiseanta roimhe. Cuideachd thabhainn Treòir comhairle is cosnadh do leas oidean.

Chaidh gu ro-mhath leis a' phròiseact le 1,079 clasaichean is seiseanan-obrach gan teagasg tron phròiseact agus còrr is 3,600 òganach fo 25 bliadhna dh'aois a' gabhail com-pàirt ann.

FUARAN

San Ògmhios chaidh aig an treas cuid de luchd-compàirt Fuaran air òrain a chlàradh a bha iad air cruinneachadh tron ghalar. Air fad, chlàraich 9 seinneadairean 22 òrain a tha rim faighinn air làrach-lìn Fuaran a-nis. Chaidh cuid de na h-òrain a sheinn tro Fhèis Blas mar bhideo feadh eadar-ùine nan consairtean a bha gan sruthadh beò.

COINNEAMH BHLIADHNAIL, CO-LABHAIRT IS CRUINNEACHADH

Chaidh ar coinneamh bhliadhnail is ar co-labhairt a chumail ann an Srath Pheofhair aig deireadh na Sultaine 2021.

Bha òraid bhideo ann bho Aonghas MacDhonnchaidh BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson a' Bhun-reachd, Gnothaichean Cèin agus Cultair. B' e prìomh-amas na co-labhairt obair nam Fèis a thòiseachadh às ùr le saor-thoilich a' sgaoileadh an eòlais is am beachdan ann an grunn seiseanan.

Chuir sinn fàilte air Danny KilBride, Stiùiriche Trac Cymru, agus Maedhbh Nì Dhònaill, stiùiriche Ógra a ghabh òraidean air mar a bhiodh buidhnean coltach rinn fhìn sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a' cur feum air na h-ealain airson mion-chànainean a dhaingneachadh am measg na h-òigridh.

Bha ceòl ann bho luchd-compàirt a b' àbhaist a bhith aig Fèis Rois agus bho sheinneadairean a bha an sàs ann am Fuaran.

A' LEASACHADH SGILEAN IS THÀLANTAN

Tha na Fèisean air soirbheachadh gu mòr ann a bhith a' brosnachadh dhaoine gu bhith dol an sàs sna h-ealain, agus ann a bhith a' leasachadh thàlantan dhaoine. Tha an obair againn air buaidh a thoirt, agus bidh i a' toirt buaidh fhathast, air na sgilean cruthachail, cànan is sòisealta aig an òigridh a ghabhas pàirt sna Fèisean. Tha sinn a' gabhail ris gum feum sinn cumail oirnn a' cosg airgead air a bhith a' leasachadh sgilean nan daoine a tha a' libhrigeadh ar prògram feuch am faigh sinn na builean as fheàrr as urrainn às.

Thug ar prògram oideachaidh cothroman an dà chuid air loidhne agus an làthair a chèile do luchd-obrach, do shaor-thoilich, do dh'oidean is do luchd-compàirt.

OIDEAS NA SGIÒBA

Ghabh buill na sgioba com-pàirt ann an 13 seiseanan oideis tron bhliadhna. Am measg nan cuspairean bha: Gàidhlig, co-ionnannachd agus iomadachd, dealbhachadh làrach-lìn, dealbhachadh grafaig agus dealbhachadh fhoirmichean air loidhne.

OIDEAS COMATAIDHEAN NAM FÈIS

Ghabh saor-thoilich pàirt ann an grunn cothroman oideis nam measg: riaghladh, ciad chobhar, dìon cloinne, siostaman glèidhidh air loidhne agus sgilean Gàidhlig. Feadh na bliadhna thabhainn sinn 58 seiseanan le 139 a' gabhail pàirt annta.

OIDEAS OIDEAN AGUS IONNSACHADH PROIFEISEANTA FAD DREUCHD

Bha làithean oideachaidh againn sa Mhàrt do dh'oidean le 35 a' gabhail pàirt. Am measg nan cuspairean bha cluichean Gàidhlig, dèanamh pod-chraoladh, dràma agus ionnsachadh a-muigh.

Chuir sinn air dòigh clasaichean còmhraidh Gàidhlig do 10 oidean airson an sgilean cànan a chleachdadh is a leasachadh ro Fhèisean agus chuidich sinn oide eile a bha a' dèanamh a' Chùrsa Adhartais tro Shabhal Mòr Ostaig.

As leth co-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail thug sinn seachad Fèis air loidhne do 5 luchd-teagaisg a bhios a' teagasg seiseanan GLPS sna sgoiltean. Cuideachd ghabh sinn pàirt ann an 2 sheisean do 15 de luchd-teagaisg ann an Sabhal Mòr Ostaig agus ghabh sinn òraid aig co-labhairt eadar-nàiseanta air loidhne fo sgèith Oilthigh na Gàidhealtachd.

OIDEAS NA H-ÒIGRIDH

Thug ar prògram Fèis Alba farsaingeachd de cothroman oideachaidh do dh'òigridh airson an sgilean ciùil a leasachadh agus ionnsachadh mu ghniomhachas a' chiùil. Bha an cothrom aig luchd-com-pàirt Fuarain ionnsachadh mu chlàradh is riochdachadh fuaim is bhideo.



A' TOIRT EALAIN IS CULTAR NA GÀIDHLIG AIR ADHART AN LUIB OIDEACHADH CRUTHACHAIL



Tha Fèisean nan Gàidheal, agus na Fèisean fhèin, fortanach gu bheil sinn ag obair còmhla ri buidheann air leth sgileil de dh'oidèan thairis air taghadh farsaing de phròiseactan is tachartasan. Tha fhios againn gu bheil grunn dhòighean ann sam fàodadh oidean nam Fèisean feum a dhèanamh de na sgilean aca ann an roinn an fhoghlaim fhoirmeil, agus iad a' dèanamh feum den eòlas is comasan teagaisg aca agus obair a dhèanamh an lùib nan ealain agus ann an clasaichean Gàidhlig gus na builean a choileanadh a tha dhith leis a' Churraicealam airson Sàr-mhathais,

am Plana airson Ionnsachadh Cruthachail, am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus Iomairtean Riaghaltas na h-Alba san fharsaingeachd.

Ged a bha buaidh aig a' ghalar fhathast air seirbhisean Fèisgoil againn, chunnaic sinn fàs ann an cùrsaichean tron obair againn le ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach agus comuinn ealain a bharrachd air prògram ùr, Treòir | Voar | Virr, a chaidh maoinèachadh le Riaghaltas na h-Alba.

SEISEANAN BLASAD GÀIDHLIG

Thug Fèisgoil seachad 2,297 seiseanan Blasad Gàidhlig do 1,914 de luchd-ionnsachaidh, a' fastadh 19 oidean ann an 23 sgoiltean sna leanas: an Eaglais Bhreac, Glaschu, Earra-Ghàidheal is Bòid, Dùn Deagh, Dùn Bhreatainn an Iar agus Àir a Deas.

IOMAIRT CEÒL NA H-ÒIGRIDH (ICO)

Tha oideas ICO sa h-uile bun-sgoil aig Comhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de dh'aonta maoineachaidh le High Life na Gàidhealtachd. Chaidh an teagasg a dhèanamh air dòigh dhà-fhillte, air a roinn co-ionnann eadar ionnsachadh aghaidh ri aghaidh agus teagasg air loidhne. Uile gu lèir, chaidh 2,104 seisean a theagasg ann an 169 sgoiltean do 4,188 sgoilearan.

Chaidh am prògram a chur air doigh le grunn Fhèisean gus gach ceàrnaidh a thoirt a-steach agus dèanamh cinnteach à co-òrdanachadh ionadail, mar a leanas:

- Fèis Chataibh: Cataibh
- Fèis an Earraich: An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse
- Fèis Inbhir Narainn: Narann
- Fèis Lochabair: Lochabar
- Fèis Rois: Siorrachd Rois, Inbhir Nis agus Gallaibh
- Fèis Spè: Bàideanach agus Srath Spè

TREÒIR | VOAR | VIRR

Le maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba, leasaich agus cho-òrdanaich sinn Treòir | Voar | Virr, prògram adhartach riochd iom-ealaineach a chaidh tabhann air bun-sgoiltean sa h-uile eilean de dh'Alba sa bheil daoine a' fuireach ann. Dh'oibrich còrr is 50 luchd-ealain le 76 sgoiltean ann an 6 ùghdarrasan ionadail còmhla ri còrr is 1,300 sgoilear a bhà ag ionnsachadh mu eachdraidh is dualchas na coimhearsnachd aca fhèin tro na h-ealain. Chùm am prògram seo cosnadh cunbhalach agus

caochladh cothroman oideachaidh ris an luchd-ealain seo. Bha sinn toilichte a bhith ag obair còmhla ri Colaiste na Gàidhealtachd an Iar OnGE gus oideas le teisteanas a thabhann air leas-oidean.

DRÀMA SNA SGOILTEAN

Dh'fhan mòran de dh'obair na dràma againn air loidhne, ged a bha sinn toilichte gun robh e ceadaichte tadhal air sgoiltean uaireannan. Chan eil sna leanas ach geàrr-chunntas den obair a rinneadh tron bhliadhna, na mheasg tri dealbhan-cluiche ùr air an sgrìobhadh le Aonghas MacLeòid, ar n-oifigear dràma.

- **Meanbh-Chuilleag** Chaidh film ùr, Mo Bheannachd Ort, a chlàradh gus Colmcille 1500 a chomharrachadh agus chaidh seo a shealltainn ann an 50 sgoil eadar an t-Sultain agus an Dàmhair, an co-bhoinn ri 55 seiseanean-obrach, 33 dhiubh stèidhichte sna sgoiltean agus 22 dèante air loidhne. Chunnaic 2,038 sgoilearan am film le sealladh poblach le 561 duine ga choimhead.
- **Pantomime Chaidh** panto 2021 Ùisdean agus am Fidhlear Seunta a sgaoileadh do sgoiltean air feadh na h-Alba le 4,955 ga choimhead tron Dùbhlachd. Choimhead 1,100 an sealladh poblach air loidhne.
- **Hùb-Hàb** Chaidh film ùr, Ri Fuine 's Fealla-dhà, a shealltainn do 2,800 sgoilear ann an 66 sgoiltean is buidhnean tràth-ìrean. An dèidh an fhilm ghabh 1,550 sgoilear bho 30 sgoiltean com-pàirt ann an seiseanan-obrach bonntaichte air sgeulachd an fhilm.
- **Seiseanan-obrach Dràma** Ghabh 427 cloinne com-pàirt ann an 91 seiseanan-obrach sgìlean dràma tron bhliadhna, 70 dhiubh sin an co-bhoinn ri e-Sgoil.

MEANBH-FHÈIS

Bha meanbh-Fhèis ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh san Ògmhios, a' comharrachadh Colmcille 1500 le tachartas measgaichte san robh teagasg aghaidh ri aghaidh agus clàraidhean bho luchd-ealain Albannach is Èireannach.

A' TOIRT EALAIN IS CULTAR NA GÀIDHLIG AIR ADHART AN LUIB OIDEACHADH CRUTHACHAIL

CAFÉ BHEAIRTEIS

Lean ar buidheann còmhraidh sheachdaineil Café Bheairteis air tron bhliadhna is buidheann stiùiridh de 5 òganach na cheann. Gach seachdain turas mu seach rinn iadsan agallamh le aoigh. Chaidh na h-agallamhan seo a chlàradh agus thèid an dèanamh nam pod-chraolaidhean sa bhliadhna a tha romhainn.

BEAIRTEAS

Mar phàirt de cho-obrachadh le e-Sgoil chuir sinn air dòigh 6 seiseanan Beairteis, anns an robh còmhradh eadar dithis Ghàidheal, a chaidh craoladh beò do sgoiltean tro e-Sgoil. Ràinig na seiseanan eadar-obrachail 694 sgoilearan ann an 39 sgoiltean.

SGOIL SHAMHRAIDH DRÀMA GÀIDHLIG

Ghàbh an Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig àite air loidhne tro Zoom san Iuchar le Daibhidh Walker agus Aonghas MacLeòid a' teagasg sheiseanan. Ged nach robh an luchd-com-pàirt ach beag ann an àireamh, dh'ionnsaich iad sgilean luachmhor dràma.

5 LATHA

Bha 5 Latha air loidhne againn le 11 luchd-com-pàirt a' faighinn teagasg ciùil is òrain agus cuideachd ag ionnsachadh mu chroitreachd, fighe is fuine. Chrìochnaich an t-seachdain le cèilidh air loidhne agus fàrpais-cheist teaghaich.

ACADAMAIDH A' MHÒID

Chuidich sinn 37 cloinne is iad ag ullachadh ro cho-fharpaisean mhòdan ionadail is nàiseanta. Air fad chaidh 141 seiseanan a theagasg le 6 oidean ann an 6 sgoiltean.



DEÀNAMH ÒRAIN GÀIDHLIG

Bha trì òrain ùra le Aonghas MacLeòid san dealbh-chluiche as ùire Hùb-Hàb againn agus an co-bhoinn ri e-Sgoil chaidh 22 òrain a chruthachadh mar phàirt de phròiseact Saoghal na Cloinne Bige anns an robh òrain ùra le Eilidh NicCoinnich, Eilidh NicCarmaig agus Linda NicLeòid.

CLASAICHEAN GÀIDHLIG DO DH'INBHICH

Chuir sinn air dòigh sreath chlasaichean feasgair do luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu. Bha 10 oidean gam fastadh a' teagasg 72 seiseanan is 161 duine a' dol ann airson piseach a thoirt air an comas sa Ghàidhlig.

BUIDHNEAN POBLACH

Rinn sinn oideas Eòlas air a' Ghàidhlig do Phuirt-adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean Earranta.

A' TARRAING LUCHD-ÈISTEACHD IS A' MEUDACHADH NAN ÀIREAMHAN



Tro ar prògram-obrach 's urrainn dhuinn cothrom a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus luchd-tadhail frithealadh air diofar thachartasan Gàidhlig agus ealain agus pàirt a ghabhail annta. Gach bliadhna tha sinn a' dèanamh oidhirp gus luchd-èisteachd a thèladh, gus an àireamh dhiubh a chur an àirde agus gus taic a chumail ri coimhearsnachdan ann a bhith a' cur air dòigh iomairtean is tachartasan cultarach. Tha na tachartasan againn a' sìneadh thar raon farsaing den dùthaich, agus tha sin a' ciallachadh gun urrainn do choimhearsnachdan beaga tachartasan a chur air adhart is a chumail sna sgìrean aca fhèin agus chan fheum iad siubhal do na bailtean-mòra an uair sin airson leithid a thachartasan.

CÈILIDHEAN AIR CHUAIRT

Cha b' urrainn do chèilidhean air chuairt a dhol air adhart mar a b' àbhaist feadh an t-samhraidh 2021 leis na bacaidhean a bha fathast ann. A dh'aindheoin seo chaidh aig Fèis Phàislig air obair còmhla ri buidheann de luchd-ciùil òg a thug a-mach CD agus chluich Còmhlan Cèilidh Òg Fèis Spè grunn tursan.

A' TARRAING LUCHD-ÈISTEACHD IS A' MEUDACHADH NAN ÀIREAMHAN

BLAS

Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh tràth ann an 2021 dàil a chur ann am Fèis Blas bho na làithean a bha gu bhith san t-Sultain. Chaidh an fhèis air adhart eadar 19 agus 27 Samhain. Bhathar an dòchas gun leigeadh prògram na banachdaich agus an suidheachadh a thaobh galar a' Chòbhadh-19 leinn tachartas a bhith againn is luchd-èisteachd an làthair, aig a' cheart àm is sinn a' planadh beagan a bhith againn air loidhne gus luchd-coimhead air feadh an t-saoghail a ruighinn aon uair eile. Bha sinn toilichte gum b' urrainn an fhèis a bhith againn mar a bhathar an dùil le luchd-èisteachd beò is nach deach cur às ach do dhà thachartas air sàilleabh sgapadh a' Chòbhadh sa choimhearsnachd.

Aon uair eile 's e brod ar cànan, ar ciùil, ar cultair is ar dualchais a bha san Fhèis le roghainn de luchd-ciùil, seinneadairean Gàidhlig, sgeulaichean, dannsairean is bàird a' gabhail pàirt innte. Chuir sinn fàilte air luchd-ciùil bho Cheap Breatainn don Ghàidhealtachd le luchd-ciùil Èireannach a' nochdadh air loidhne.

Feadh 9 làithean na fèise chaidh na leanas a thabhann:

- 31 consairtean is cèilidhean
- 5 consairtean Facebook
- 1 seisean òrain Ghàidhlig
- 4 òraidean, 2 dhiubh sa Ghàidhlig
- 27 seiseanan-obrach an dà chuid do dh'inbhich is do chloinn
- Prògram-ciùil do na sgoiltean (ICO)

'S e fear de prìomh phàirtean clàr Blas ar coimisean bliadhnaile a bheir an cothrom do neach-ealain co-chruinneachadh ciùil/òran a chruthachadh a thèid cluich aig an fhèis.

B' e 2021 dà cheud bliadhna bho bhreith Màiri Mhòr nan Òran (Màiri Nic a' Phearsain, Màiri Nighean Iain Bhàin). Thugadh an coimisean do Khim Carnie agus chluich i Buaidh nam Ban 4 uairean feadh na fèise.

B' e comharradh gu math iomchaidh a bha sa choimisean air Màiri Mhòr agus cuideachd saothair bana-bhàird eile na Gàidhealtachd leithid Sileas na Ceapaich, Maighread Nighean Lachlainn agus Màiri Nighean Alasdair Ruaidh, is e cuideachd a' sgrùdadh am beatha is an strì a bha aca a' cur an aghaidh anaceartas is anacothrom.

B' i an àireamh gu lèir a bha an làthair na fèise 12,991 agus sheall sgrùdadh a ghabhadh os làimh an dèidh na fèise gun robh 93% san fharsaingeachd toilichte leatha.

A bharrachd air sgioba Fèisean nan Gàidheal a thug Blas gu buil, chaidh Crìosaidh NicRath fhastadh na Co-òrdanaiche Thachartasan agus bha Ceitidh NicCoinnich os cionn brathan naidheachd, fios do na pàipearan agus na meadhanan sòisealta.

SEISEANAN ÒRAIN GHÀIDHLIG

Chùm sinn oirnn a' cur seiseanan seinn Ghàidhlig air adhart tro Thac an Teine and Cèilidh mun Chagailt, co-obair ùr leis a' Chomunn Ghàidhealach a chaidh maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig. Tron bhliadhna bha 24 seiseanan seinn Ghàidhlig air loidhne le còrr is 750 duine a' gabhail pàirt annta.

TASGADH

Airson na seachdamh bliadhna, làimhsich sinn sgeama tabhartasan Tasgadh às leth Alba Chruthachail. Tha taic a' mhaoin a' leigeil le luchd-ealain is buidhnean dualchasach obair a chruthachadh, a chluich is a thoirt air chuairt le aire shònraichte air ceòl, sgeulachdan is dannsa. Ann an 2021-22, chaidh £45,464 a thoirt do 56 pròiseactan le luach iomlan de £143,200.



MAOIN NAN EALAIN GÀIDHLIG

Chùm sinn oirnn a’ làimhseachadh Maoin nan Ealain Gàidhlig às leth Alba Chruthachail feadh 2021-22. Tha am maoin seo a’ cuideachadh le pròiseactan ealain Gàidhlig a thoirt gu buil le dà chuairt maoineachaidh rè na bliadhna. Chaidh tabhartasan luach £81,854 a thoirt do 19 pròiseactan le luach iomlan de £167,855.

TALLA CLIÙ DUAL-CHIÙIL NA H-ALBA

Chùm Fèisean nan Gàidheal orra le an urrasachd de Thalla Cliù Dual-chiùil na h-Alba aig Duaisean Dual-cheòl na h-Alba 2021. B’ iad na buill ùra Mike Whellans, Paul MacAnndrais, Karen NicMhathain, Jim MacIIEathain, Charlie Kirkpatrick, Catriona Garbutt, Heather Heywood, Hom Bru agus Andaidh Stiùbhart nach maireann, Christie Leatham agus Jane Turriff. Chaidh Duais Sheumais MhicEanraig airson Seirbhisean do Dhual-chiùil a bhuileachadh air Ailean Dòmhnallach (Glen Ùige)

LÌONRAIDHEAN AGUS TAGRAIDREACHD

Chùm Fèisean nan Gàidheal orra ag obair gu dlùth le buidhnean airson a’ Ghàidhlig, cultar agus ealan dualchasach a bhrosnachadh. Bidh sinn a’ conaltradh gu tric ri ar buidhnean maoineachaidh agus feadh 2021-22 fhrithheil an sgioba grunn cho-labhairtean, sheiminearan agus seiseanan fiosrachaidh a bha air an cur air dòigh leotha.

Bha sgioba Fèisean nan Gàidheal gu mòr an lùib tagraidreacht agus obair bhrosnachaidh a’ co-obrachadh le grunn lìonraidhean is comuinn air feadh na h-Alba leithid Buidheann-obrach Dual-ealan aig Alba Chruthachail, Lionradh nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig, Fòram Ceòl Òigridh na Gàidhealtachd, Hands Up for Trad agus Buidheann Com-pàirteachas Foghlam Ciùil. Dh’fhàg obair air loidhne sinn air chomas co-obrachadh gu h-eadar-nàiseanta le Amateo, Lionradh Dual-cheòl na Roinn-Eòrpa agus Colmcille.

A' TARRAING LUCHD-ÈISTEACHD IS A' MEUDACHADH NAN ÀIREAMHAN

FÈISTV

Feadh na bliadhna, chaidh 17 cèlidhean is consairtean a shruthadh air loidhne tro FhèisTV is tro Bhlàs agus chaidh 2 dhealbh-chluiche eile a shealltainn le luchd-coimhead de mu 20,000.

Sa Mhàrt thòisich sinn 26 cùrsaichean eile mar phàirt de dh'Oide, ar seirbhis oideis air loidhne. A-nis tha còrr is 270 leasan rim faighinn le 1,852 air an t-seirbhis a chleachdadh sa bhliadhna chaidh seachad.

SEACHDAIN NA GÀIDHLIG

Chaidh a' chiad Sheachdain Gàidhlig na Cruinne oifigeil a chumail eadar 21-27 Màrt 2022. Theagaisg Fèisean nan Gàidheal clàr de sheiseanan-obrach Fèise, oideas oidean agus seiseanan seinn Gàidhlig le 355 a' gabhail com-pàirt annta.



RIAGHLADH IS LUCHD-OBACH

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a bha Buill a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal an làthair aig coinneamhan a chaidh a chumail air loidhne air 21 Cèitean 2021, 24 Sultain 2021, 10 Dùbhlachd 2021 agus 4 Màrt 2022.

A' Ghàidhealtachd

Làthaireachd

Cailleán Sandilands (Rùnaire)	Fèis Rois	3 of 4
Sarah-Jayne Shankland	Fèis nan Garbh Chrìochan	4 of 4
Angela Mack	Fèis Lochabair	0 of 4
Ciorstaidh NicDhùghaill (Iar-chathraiche)	Riochdaire Òigridh	2 of 4

Na h-Eileanan Siar

Anna Mhoireach (Cathraiche)	Fèis Eilean an Fhraoich	3 of 4
Anne NicAmhlaigh	Fèis an Rubha	4 of 4
Ceitidh NicAonghais	Riochdaire Òigridh	1 of 4

Sgìrean eile

Seòras Stoddart (Ionmhasair)	Fèis Fhoirt	4 of 4
Carola NicChaluim	Fèis Obar Dheathain	4 of 4
Alistair Paul	Fèis Arainn	4 of 4

Luchd-frithealaidh

Màiri Bhochanan	HIE	3 of 4
Mòrag Anna NicLeòid Mitchell/Lena Walker	Comhairle na Gàidhealtachd	1 of 4
Siobhan NicAnndrais	Alba Chruthachail	3 of 4
Caroline Swain/Donnchadh MacNèill	Argyll & Bute Council	3 of 4

Luchd-obrach

Art MacCarraig	Ceannard	4 of 4
Anne Willoughby	Manaidsear Gnìomha	4 of 4
Calum A Macmhaoilein	Manaidsear Leasachaidh	3 of 4
Eilidh NicCoinnich	Manaidsear Fèisgoil	4 of 4

RIAGHLADH IS LUCHD-OBACH

Tha an clàr a leanas a' sealltainn fiosrachadh mun luchd-obrach ann an 2021-22.

Neach-obrach	Cùmhnannt	Dreuchd	Stèidhichte
Art MacCarraig	1.0 ILT Leantainneach	Ceannard	Port Rìgh
Anne Willoughby	1.0 ILT Leantainneach	Manaidsear Gniomha	Port Rìgh
Calum A Macmhaoilein	1.0 ILT Leantainneach	Manaidsear Leasachaidh	Inbhir Nis
Eilidh NicCoinnich	1.0 ILT Leantainneach	Manaidsear Fèisgoil	Inbhir Nis
Eilidh NicCarraig	0.6 ILT Leantainneach	Rianaire Fèisgoil	Glaschu
Nicola NicShim	0.8 ILT Leantainneach	Prìomh Oifigear Leasachaidh	Inbhir Nis
Karen Oakley	1.0 ILT Leantainneach	Oifigear Leasachaidh	Inbhir Nis
Abi Lightbody	1.0 ILT Leantainneach	Oifigear Leasachaidh	Inbhir Nis
Peigi Ann Shields	1.0 ILT Leantainneach	Oifigear Leasachaidh	Eileanan Siar
Aonghas MacLeòid	1.0 ILT Leantainneach	Oifigear Dràma	Inbhir Nis
Laura NicNeacail	0.5 ILT Leantainneach	Oifigear Pròiseactan	Inbhir Nis
Luke Slater	1.0 ILT Leantainneach	Rianaire	Port Rìgh
Sandy Gray	0.2 ILT Cunraidear	Oifigear Dìon Cloinne	Port Rìgh



ÒIGRIDH MAR LUCHD-CHO-DHÙNAIDHEAN

Bidh sinn a’ sìor-thoiridh òigridh an lùib cho-dhùnaidhean thar grunn phròiseactan. Bidh Ceitidh NicAonghais is Ciorstaidh NicDhùghail a’ leantainn orra a’ gabhail làn-phàirt ann an coinneamhan a’ Bhùird againn agus thàinig Fionnlagh MacIllInnein agus Lùcas MacLeòid a-steach a bhuidheann prògramaidh Blas far an do mhol iad farsaingeachd bheachdan is sinn a’ planadh na fèise. Tha còignear òganach ann am buidheann-stiùiridh Café Bheairteis a chuireas air dòigh is a ni a’ bhuidheann chòmhradh seachdaineil.

MAOINEACHADH

Tha aontaidhean an dà chuid bliadhna is stèidhichte air pròiseactan le grunn ùghdarrasan ionadail, le buidhnean poblach agus le Riaghaltas na h-Alba. A bharrachd air a bhith a’ gabhail cothrom air corra-mhaoineachadh bho àm gu àm, an-dràsta tha aontaidhean maoineachaidh fad-ùine aig Fèisean nan Gàidheal le Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig a tha air cinnt is fuasgailteachd a thoirt dhuinn sa bhliadhna a chaidh seachad. Thàinig ar maoineachadh cunbhalach bho InGE gu crìch ann an 31 Màrt 2022. Tha sinn taingeil do InGE airson an taic-airgid feadh nam bliadhnaichean agus ged nach bi aonta buan againn leotha tuilleadh, thèid againn air cobhair fhaighinn ann an caochladh dhòighean, nam measg maoineachadh pròiseict.

Tha sinn a’ sìor-choileanadh grunn amasan a chaidh aontachadh leis na diofar bhuidhnean agus gheibh iadsan, agus urrasairean Fèisean nan Gàidheal mar aon, aithisgean mionaideach ràitheil den adhartas.

Chaidh aithisg òrdachadh air Buidhean Cultarach, Sòisealta, Eaconamach, Cànaichean is Sunnd aig Fèisean nan Gàidheal tron bhliadhna ach cha deach crìoch a chur oirre ro dheireadh na bliadhna. Nuair a nochdas i, thathar an dòchas gur e goireas feumail a bhios innte ann a bhith a’ sìor-sheasamh taic leantainneach don bhuidhinn.

CI

Ged a tha e fàinear nar n-obair làitheil, bidh sinn a’ sìor-chur an gnìomh Plana aontaichte Co-ionannachd, lomdachd is longhabhail, le aithisg bhliadhnail ga toirt do dh’urrasairean Fèisean nan Gàidheal a leigeas leotha sùil gheur a chumail air a h-èifeachd. Gheibhear am plana is an aithisg adhartais le chèile air loidhne.

PLANA LÙGHdachadh GUALAIN

Bidh sinn a’ clàradh is a’ toirt cunntas air cleachdadh gualain agus tha Plana Lùghdachaidh Gualain againn san toir sinn cunntas bliadhnail do Bhòrd nan Urrasairean is do Ghualan Cruthachail Alba. Rinn mòrachadh na h-ùine ag obair air loidhne, air sàilleabh a’ ghalair, le lùghdachadh siubhail de gach seòrsa mar thoradh air is cuideachd aire do na h-oidhirpean eile a chaidh aontachadh airson 2021-22, cinnteach gun deach leinn le ar Plana Lùghdachaidh Gualain. Gheibh an aithisg adhartais air loidhne.

POILEASaidhean IS CUNNAIRT

Chaidh a h-uile poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal ath-sgrùdadh is ath-ùrachadh ann an 2021-22 a dhèanamh cinnteach gu bheil sreath ùr de phoileasaidhean freagarrach ann an àite airson cuideachadh le obair Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean ionadail. Chaidh poileasaidh ùr Àite Dionta a thoirt a-steach agus chaidh ar poileasaidhean dìon a shoilleireachadh.

Bidh Fèisean nan Gàidheal a’ cumail clàr cunnairt agus gheibh am Bòrd aithisg bhliadhnail air na dòighean san seachain an sgioba na prìomh-chunnartan a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air a’ bhuidhinn. ‘S e gnòthach àbhaisteach làitheil a tha ann an cunnart agus bha obair san roinn seo air leth riatanach nuair a dh’fhàg galar a’ Chòbhad gum b’ fheudar dhuinn a bhith na b’ fhaiceallaiche.

CUNNTAS IONMHASAIL 2021-22

Fo riaghailtean a thugadh a-steach le Oifis Riaghladair nan Carthannas Albannach, feumar cunntasan buidhne a bhith air an ullachadh is air an cur an cèill air dòigh shònraichte agus a' gabhail a-steach iomadh taobh-duilleige. Gheibhear na làn-chunntasan againn air an sgrùdadh air ar làrach-lìn www.feisean.org agus chan eil an seo ach Cunntas air Gnìomhachd Ionmhasail airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022 còmhla ris an Aithris Chothromachaidh air an latha sin.

CUNNTAS AIR GNÌOMHACHD IONMHASAIL AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Maoin Neo - Chuingealaichte £	Maoin Chuingealaichte £	31.03.22 Iomlan £	31.03.21 Iomlan £
STÒRAS A-STEACH				
Tabhartasan agus Dileaban	93	-	93	2,871
Gnìomhachd Carthannais				
Prìomh Obair	794,677	88,625	722,673	907,302
Trèanadh	4,000	-	4,000	2,000
Fèis Bhlas	168,946	-	168,946	123,850
Fèisgoil	279,680	129,266	408,946	224,584
Tachartasan còmhnaidheach Gàidhlig	7,000	-	7,000	24,000
Gnìomhachd airson ionmhas a chosnadh	147,128	-	147,128	109,376
Teachd-a-steach bho airgead-seilbhe	106	-	106	193
Stòras iomlan a-steach	1,241,001	217,891	1,458,892	1,394,176
STÒRAS COSGTE				
Teachd-a-steach Saor-thoileach	1,238	-	1,238	304
Gnìomhachd Carthannais				
Prìomh Obair	797,659	156,465	954,124	999,046
Trèanadh	3,555	-	3,555	1,950
Fèis Bhlas	167,259	-	167,259	116,262
Fèisgoil	287,384	129,266	416,650	219,423
Tachartasan còmhnaidheach Gàidhlig	5,600	-	5,600	7,890
Stòras iomlan a chaidh a chosg	1,262,695	285,731	1,548,426	1,344,875
STÒRAS A-STEACH/(A-MACH)	(21,694)	(67,840)	(89,534)	49,301
RÈITEACHADH IONMHAIS				
Suimeannan iomlan gan toirt air adhart	322,604	79,318	401,922	352,621
MAOIN IOMLAN GA TOIRT AIR ADHART STÒRAS A-STEACH	300,910	11,478	312,388	401,922

AITHRIS CHOTHROMACHAIDH AIR 31 MÀRT 2022

	Maoin Neo - Chuingealaichte €	Maoin Chuingealaichte €	31.03.22 Iomlan €	31.03.21 Iomlan €
MAOIN STÈIDHICHTE				
Maoin Stèidhichte	23,862	-	23,862	31,959
MAOIN LUATH				
Suimeannan rim pàigheadh sa bhliadhna	250	183,869	184,119	43,875
Airgead sa Bhanca	351,325	(152,423)	198,902	368,253
	351,575	31,446	383,021	412,128
CREIDEASAICHEAN				
Suimeannan rim pàigheadh sa bhliadhna	(74,527)	(19,968)	(94,495)	(42,165)
MAOIN LUATH GU LÈIR	277,048	11,478	288,526	369,963
MAOIN GU LÈIR ÀS AONAS FIACHAN	300,910	11,478	312,388	401,922
MAOIN GU LÈIR	322,604	79,318	401,922	352,621
MAOINEAN				
Maoinean neo-chuingealaichte			300,910	322,604
Maoinean cuingealaichte			11,478	79,318
MAOINEAN GU LÈIR			312,388	401,922

